



National
Qualifications
2024

X831/76/11

**Gaelic (Learners)
Reading**

WEDNESDAY, 29 MAY

9:00 AM – 11:00 AM

Total marks — 30

Attempt ALL questions.

Write your answers clearly, in **English**, in the Reading answer booklet provided. In the answer booklet you must clearly identify the question number you are attempting.

You may use a Gaelic dictionary.

Use **blue** or **black** ink.

There is a separate question and answer booklet for Directed Writing. You must complete your answer for Directed Writing in the question and answer booklet for Directed Writing.

Before leaving the examination room you must give your Reading answer booklet and your Directed Writing question and answer booklet to the Invigilator; if you do not, you may lose all the marks for this paper.



* X 8 3 1 7 6 1 1 *

Total marks — 30

Attempt ALL questions

Read the whole article carefully and then answer, in **English**, ALL the questions that follow.

The article discusses young people entering the workplace.

Saoghal na h-obrach

Tha luchd-poilitigs air a bhith a' dèanamh oidhirpean mòra thairis air na bliadhnaichean airson sgilean luchd-obrach òg a leasachadh. Tha iad air a bhith ag obair còmhla ri comhairlichean ionadail, sgoiltean, colaistean agus luchd-fastaidh gus seo a choileanadh. Tha a h-uile duine gu math toilichte gu bheil na figearan oifigeil a' sealltainn gu soilleir gu bheil
5 an àireamh de dhaoine òga a-mach à obair a' crìonadh gach bliadhna. Tha seo a' dearbhadh cho cudromach 's a tha e gum bi daoine òga air an ullachadh airson nan cothroman obrach a tha againn anns an dùthaich.

'S e àm sònraichte a th' ann nuair a dh'fhàgas daoine òga an sgoil airson an ath cheum a ghabhail nam beatha. Bidh feadhainn ag ràdh gu bheil e caran eagalach agus bidh feadhainn
10 a' coimhead air adhart ris gu mòr. Ach ciamar a bhios iad gan deasachadh fhèin airson seo? Cuideachd, cò air a tha an t-uallach airson dèanamh cinnteach gu bheil daoine òga deiseil airson tòiseachadh anns an àite-obrach?

Dè an dleastanas a tha air pàrantan?

Tha e cudromach gum bruidhinn pàrantan ris a' chloinn aca mu shaoghal na h-obrach — mu
15 dhiofar obraichean as urrainn dhaibh a dhèanamh nuair a bhios iad nas sine. Faodaidh pàrantan a bhith a' cuideachadh le rannsachadh air preantasachdan, agus a bhith a' faighinn a-mach mu chùrsaichean oilthigh no colaiste, no fiosrachadh mu obair shònraichte. Tha e an urra ri pàrantan a bhith a' gabhail ùidh ann am beachdan chloinne agus a' chlann aca a bhrosnachadh gu bhith a' smaoinichadh air obraichean a chòrdadh riutha. Cuidichidh seo
20 daoine òga fiosrachadh fhaighinn air dreuchdan a bhiodh freagarrach dhaibh.

Dè an dleastanas a th' ort fhein?

Feumaidh tu fhèin beagan rannsachaidh a dhèanamh agus tha diofar dhòighean ann a bhith a' faighinn a-mach mun àite-obrach. Mar eisimpleir, tha eòlas-obrach na bhuannachd airson sealltainn do luchd-fastaidh gun obraicheadh tu cruaidh, agus gun ionnsaichidh tu sgilean deatamach eile. A thuilleadh air bruidhinn mu dheidhinn teisteanasan sgoile, tha eòlas-obrach a' toirt dhut rudeigin a bharrachd ri ràdh ann an agallamh, agus faodaidh seo do chuideachadh a bhith seasamh a-mach bho na tagraichean eile.
25

Tha obair pàirt-ùine na bhuannachd cuideachd do mhòran sgoilearan. Fhuair Iain Caimbeul obair Dhisathairne ann am bùth nuair a bha e air a' chòigeamh bliadhna san sgoil. Bha e ag
30 ràdh ged nach b' e seo an obair ris an robh dùil aige a dhèanamh an dèidh dha an sgoil fhàgail, bha e toilichte gun d' fhuair e an cothrom oir dh'ionnsaich e sgilean a chuidich e obair eile fhaighinn. Cuideachd, fhuair e barrachd misneachd a bhith a' bruidhinn ri daoine ùra oir bha e caran diùid nuair a bha e anns an sgoil. Dh'ionnsaich e a bhith ag obair còmhla ri diofar seòrsa dhaoine, laghach agus gruamach agus b' e sin an sgil a bu chudromaiche a
35 dh'ionnsaich e.

Chan eil e gu diofar dè an obair a tha thu ag iarraidh a dhèanamh no ma dh'fhàgas tu an sgoil aig deireadh a' cheathramh bliadhna no ma dh'fhuiricheas tu gu deireadh an t-siathamh bliadhna. 'S e tha dha-rìreabh deatamach, gum bi thu èasgaidh agus gun gabh thu a h-uile cothrom adhartas a dhèanamh ann an saoghal na h-obrach.

Questions

Re-read lines 1–7.

1. Many stakeholders are involved in the world of work.
 - (a) What does the article say about politicians? 3
 - (b) Which partners have politicians been working with? 3
 - (c) What is everyone particularly happy about? 3

Re-read lines 8–12.

2. The article continues and talks about young people leaving school. What are their feelings about this? 2

Re-read lines 13–20.

3. The article then discusses the role of parents.
 - (a) What should parents be talking to their children about regarding the world of work? 1
 - (b) What else should parents do? State any **one** thing. 1
 - (c) State how this will help young people. 1

Re-read lines 28–39.

4. Iain Campbell comments on his Saturday job.
 - (a) As well as gaining skills that helped him get another job, why else was Iain happy with his Saturday job? 1
 - (b) What was the most important skill that Iain learned? 1
5. The article concludes with some essential advice. What does it say? 2

Now consider the article as a whole.

6. Do you think the advice to young people will help them find employment after leaving school? Give details from the text to justify your answer. 2
7. Translate into English:
Mar eisimpleir . . . bho na tagraichean eile. (lines 23–27) 10

[END OF QUESTION PAPER]

[BLANK PAGE]

DO NOT WRITE ON THIS PAGE